



SABHAL
MÒR OSTAIG

Ionad Nàiseanta Cànan is Cultar na Gàidhlig

TUAIRISGEUL OBRACH

TIOTAL-OBACH	Co-òrdanaiche nan Cùrsaichean Goirid
ROINN	Roinn an Fhoghlaim
AN URRA RI	Manaidsear Leasachaidh nan Cùrsaichean Goirid
UALLACH AIRSON	-
SGÈILE THUARASTAIL	£21k
PRÌOMH ÀITE-OBACH	Sabhal Mòr Ostaig

PRÌOMH AMAS NA H-OBACH

Cùrsaichean Goirid na Colaiste a cho-òrdanachadh

PRÌOMH UALLAICHEAN

- A' co-òrdanachadh nan Cùrsaichean Goirid agus nan gnìomhan co-cheangailte riutha, m.e. àiteachan fuirich, oidean, clàran-ama, tachartasan sòisealta is eile
- Tachartasan sòisealta nan Cùrsaichean Goirid a chur air dòigh agus an luchd-taic a' stiùireadh gus iad seo libhrigeadh gu soirbheachail
- A' dèanamh cinnteach gu bheil cùisean air dòigh airson prògram nan cùrsaichean goirid a libhrigeadh gu soirbheachail
- An co-bhonn ri sgioba Margaideachd na Colaiste, a bhith a' cur gnìomhan margaideachd nan Cùrsaichean Goirid air dòigh agus tachartasan a fhrithealadh mar a bhiodh iomchaidh
- Ag ullachadh fiosrachaidh mu Chùrsaichean Goirid airson duilleagan làrach-lìn na Colaiste agus na meadhanan sòisealta
- A' cuideachadh le trèanadh is inntrigeadh luchd-oide (an co-bhonn ri Manaidsear Leasachaidh nan Cùrsaichean Goirid)
- A' leudachadh chlàr nan Clasaichean Coimhearsnachd agus an libhrigeadh gu h-èifeachdach
- A' cumail taic ri Manaidsear Leasachaidh nan Cùrsaichean Goirid
- A' cumail taic ri Neach Rianachd nan Cùrsaichean Goirid aig amannan trang
- Sùil a chumail ri ur sàbhailteachd fhèin agus sàbhailteachd dhaoine eile
- Obair sam bith a dhèanamh ann an deagh àm agus a rèir clàr-ama na roinne/a' Mhanaidseir
- Deagh-ghnè na Colaiste a choileanadh agus a leasachadh
- Obair iomchaidh sam bith eile a dhèanamh mar a bhios feum aig a' Cholaiste bho àm gu àm.

Seo tuairisgeul air an obair mar a tha e. Sa chumantas thèid beachdachadh air seo bho àm gu àm gus dèanamh cinnteach gu bheil e iomchaidh agus gus atharrachaidhean sam bith a dhèanamh. Thèid seo a dhèanamh leis an neach-obrach agus am manaidsear aige/aice agus mar sin thathas a' sùileachadh gun gabhar pàirt anns na còmhraidhean seo. Tha Sabhal Mòr Ostaig ag iarraidh gun gabh cùisean aontachadh leis gach neach ach far a bheil seo do-dhèante, tha còraichean aig Sabhal Mòr Ostaig air atharrachaidhean ciallach a dhèanamh a rèir tuarastal an neach-obrach às dèidh bruidhinn ris/rithe mun chùis.

Ceann-là: 28/03/18